

25 Ògmhios 2024

### A phàraint/neach-cùraim chòir

Sa Giblean 2024, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Sgoil agus Sgoil-àraich Bhaile a' Mhanaich. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ri ceannard na sgoile agus ris an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Mura canar an caochladh, tha iad seo a' buntainn air feadh na sgoil-àraich is na sgoile agus an dà chuid tron Ghàidhlig agus tron Bheurla.

- Tha clann a' sealltainn gu bheil tuigse làidir aca air sunnd faireachail agus corporra. Tha deagh dhàimhean aca le luchd-obrach. Tha clann a' faireachdann sàbhailte, gu bheil taic ga toirt dhaibh agus gu bheilear gan àrach.
- Anns an sgoil, tha cuideam math aig clann air raon de ghnìomhan ionnsachaidh fior-bheatha a tha brosnachail dhaibh. Bidh clann a' freagairt gu math ri dealas an luchd-teagaisg a thaobh teagaisg. Tha seo a' cur ri clann a bhith a' dèanamh adhartas math nan cuid ionnsachaidh.
- Ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha clann a' faighinn buannachd bho bhogadh làidir a tha a' ciallachadh gum fàs iad fileanta sa Ghàidhlig aig àrd-ìre. Thar na sgoile, bidh clann a' bruidhinn gu h-ealanta agus le misneachd ri raon de luchd-èisteachd.
- Bidh an sgioba luchd-obrach, air a stiùireadh le ceannard na sgoile, ag obair gu math còmhla, agus còmhla ri com-pàirtichean, gus raon de chothroman is lèirsinnean brìoghdmhor a thoirt a-steach do shaoghal na h-obrach. Anns an sgoil, tha clann ag aithneachadh mar as urrainn dhaibh cur ri seasmhachd na Gàidhlig agus a cultair gu pearsanta agus san obair aca.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard sgoile agus le riochdairean bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus do chleachdaichean ionnsachadh a phlanadh san sgoil-àraich gus am faigh clann bogadh sa Ghàidhlig, gus an urrainn dhaibh a bhith a' leantainn an cuid ùidhean, agus a bhith feòrachail agus cruthachail. Bu chòir dhan a h-uile pàrant/neach-cùraim a tha ag iarraidh Foghlam Meadhan Gàidhlig dhan chuid chloinne àite làn-bhogaidh fhaighinn san sgoil-àraich.
- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-teagaisg àrdachadh a bharrachd a thoirt air coileanadh chloinne, gu sònraichte aig a' chiad ìre den Churraicealam airson Sàrmhathais.

- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-obrach cumail orra a' leasachadh a' churraicealaim, a' gabhail a-steach ionnsachadh stèidhichte air cluich, Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus teicneòlasan.
- Bu chòir do dh'àrd-cheannardan agus luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan ceannardais aig a' chloinn air fad. Feumar clann a dhèanamh nas mothachaile air na sgilean a thig às gach cothrom airson coileanadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4<sup>mh</sup> eagan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus co-dhùnadh dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil Bhaile a' Mhanaich

Comharran càileachd airson iреan na bun-sgoile	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	<b>math</b>
Ionnsachadh, teagastg agus measadh	<b>math</b>
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	<b>glè mhath</b>
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	<b>math</b>
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4<sup>mh</sup> eagan)</a> , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson na sgoil-àraich	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	<b>riarachail</b>
Ionnsachadh, teagastg agus measadh	<b>riarachail</b>
A' dèanamh cinnteach gu bheil sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail ann	<b>riarachail</b>
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	<b>math</b>
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia puing</a>	

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn suidheachadh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne a mheasadh a' cleachdadhe nan comharran càileachd bho Fhrèam-obrach càileachd airson cùram latha chloinne, luchd-aireachaидh chloinne agus cùram-chloinne aig aois sgoile. Bidh am frèam-obrach a' cuideachadh shuidheachaidhean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidhgus measadh a dhèanamh air dè tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadhe a dhèanamh air gach suidheachadh, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mu na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean a' dèanamh. Tha measaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim cuideachd air an cleachdadhe le ùghdarrasan ionadail nuair a thathar a' beachdachadh air mar a tha suidheachaidhean a' coileanadh na slat-tomhais nàiseanta airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte.

Is iad seo measaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne:

Measaidhean mionaideach	Luachadh
<b>Prìomh Cheist 1:</b> <b>Dè cho math 's a tha ar cùram, cluich agus ionnsachadh?</b>	<b>math</b>
<b>1.1 Cùram agus taic àraich</b>	<b>math</b>
<b>1.3 Cluich agus ionnsachadh</b>	<b>math</b>
<b>Prìomh Cheist 2:</b> <b>Dè cho math 's a tha an suidheachadh againn?</b>	<b>math gu leòr</b>
<b>2.2 Tha goireasan àrd-inbhe aig a' chloinn</b>	<b>math gu leòr</b>
<b>Prìomh Cheist 3:</b> <b>Dè cho math 's a tha an ceannardas againn?</b>	<b>math gu leòr</b>
<b>3 .1 Tha dearbhadh càileachd agus leasachadh air an deagh stiùireadh</b>	<b>math gu leòr</b>
<b>Prìomh Cheist 4:</b> <b>Dè cho math 's a tha sgioba an luchd-obrach againn?</b>	<b>math</b>
<b>4.3 Cleachdadhe luchd-obrach</b>	<b>math</b>

**Raointeal leasachaidh a chomharrach Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson an t-suidheachaidh tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne**

Cha robh riatanasan no raointeal leasachaidh sam bith aig an t-suidheachadh san sgrùdaidh mu dheireadh a rinn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim.

Mar thoradh air an sgrùdadhe seo, tha dà riatanas ann agus aon raon leasachaidh.

## Riatanas 1

Ro 31 luchar 2024, feumaidh an solaraiche dèanamh cinnteach gu bheil clann a' faighinn cùram ann an àrainneachd shàbhailte is slàinteil far a bheil ceumannan gu leòr an gnìomh gus clann a dhòn a rèir an stiùridh làithrich air cleachdaidh as fheàrr.

Gus seo a dhèanamh, feumaidh an solaraiche dèanamh cinnteach gun tèid na leanas a chur an gnìomh, aig a' char as lugh :

- a) Bu chòir do luchd-obrach cumail orra a' toirt seachad àrainneachd shàbhailte is chofhurtail far a bheilear a' cumail sùil air clann.
- b) Bu chòir do phoileasaidhean agus modhan-obrach airson a bhith a' cur bhadan ùra air pàistean a bhith a rèir a' cleachdaidh as fheàrr. Feumaidh seòmar bhadan fa leth a bhith ann gus badain ùra a chur air clann fo dhà bhliadhna a dh'aois.
- c) Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil clàran làithreachd agus duilleagan soidhnidh a-steach agus a-mach a' sealltainn làthaireachd na cloinne gu ceart.

Tha seo gus cumail ri:

Riaghait Cùram Shòisealta agus Leasachadh Obair Shòisealta Alba (Riatasan airson Seirbheisean Cùraim) 2011 (SSI 2011/210) - Riaghait 4(1)(d) - slàinte, leas agus sàbhailteachd luchd-cleachdaidh seirbheis.

Tha seo airson 's gun dèanar cinnteach gu bheil cùram is taic a rèir ri Inbhean Slàinte agus Cùram Sòisealta (HSCS), a tha ag ràdh:

"Tha an àrainneachd agam sàbhailte agus tèarainte" (HSCS 5.19)

## Riatanas 2

Ro 31 luchar 2024, feumaidh an solaraiche dèanamh cinnteach gum faigh clann seirbheis àrd-inbhe a tha air a dheagh stiùireadh agus air a dheagh riaghlaadh.

Gus seo a dhèanamh, feumaidh an solaraiche, aig a' char as lugh, dèanamh cinnteach gu bheil am manaidsear soilleir mun dreuchd agus mun uallach aice a thaobh fiosan a dh'fheumar a chur gu buidhnean riaghlaidh agus gus na fiosan riatanach a chur a-steach taobh a-staigh nan clàran-ama riatanach.

Tha seo gus cumail ri riaghait 4(1)(a)(Leas Luchd-cleachdaidh) agus (7)(2)(b) (iomchaidheachd mhanaidsearan) de Riaghailtean Leasachadh Cùram Sòisealta agus Obair Shòisealta (Riatasan airson Sheirbheisean Cùraim) 2011 (SSI 2011/210).

Tha seo airson 's gun dèanar cinnteach gu bheil cùram is taic a rèir Inbhean Slàinte agus Cùram Sòisealta, a tha ag ràdh:

'Tha mi a' cleachdadhbhios is buidheann a tha air an deagh stiùireadh le deagh cheannardas' (HSCS 4.23).

## Raointeán leasachaíd a chomharrachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson suidheachadh tràth-ionnsachaíd is cùraim-chloinne

Mar thoradh air an sgrùdadadh, chaith na raointeán leasachaíd a leanas a chomharrachadh.

Gus taic a chumail ri leasachadh seirbheis, bu chòir dhan mhanaidsear agus dhan luchd-obrach cumail orra a' cruthachadh siostaman dearbhaidh càileachd pungail agus èifeachdach gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd na seirbheis air a sgrùdadadh agus air a mheasadh gu h-èifeachdach. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte ri bhith:

- a) A' cumail sùil air cleachdaidhean luchd-obrach agus a' toirt fios air ais cuideachail do luchd-obrach gus an cuideachadh le bhith a' coileanadh feumalachdan na cloinne.
- b) A' dèanamh sgrùdadadh air, agus a' cumail sùil air, clàran-ama agus planaichean pearsanta gu cunbalach agus gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mionaideach agus iomchaidh air a chruinneachadh gus taic a chumail ri feumalachdan chloinne.

(c) A' dèanamh leasachadh a bharrachd air an fhrèam-obrach fèin-mheasaidh gus taic a chumail ris an t-seirbheis gus neartan agus raointeán leasachaíd a chomharrachadh.

Tha seo airson 's gun dèanar cinnteach gu bheil cùram is taic a rèir Inbhean Slàinte agus Cùram Sòisealta, a tha ag ràdh: "Tha mi a' faighinn buannachd bho chultar de leasachadh leantainneach, le pròiseasan dearbhaidh càileachd làidir agus follaiseach aig a' bhuidhinn" (HSCS 4.19).

Bidh sgriobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#).

### Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadadh seo. Cuiridh Comhairle nan Eilean Siar fios gu párantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Mar thoradh air co-dhùnaidhean agus measaidhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, thèid beachdachadh air barrachd eadar-theachdan sgrùdaidh gus taic a chumail ri leasachaidhean anns an t-suidheachadh tràth-ionnsachaíd agus cùram-chloinne.

Joan C. Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Annemarie O'Brien  
Neach-sgrùdaidh Cùraim